

Leughadh agus Sgrìobhadh Com-pàirtichte

Amasan:

- Ceangal na trì loidhnichean leasachaidh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais: Leughadh, Sgrìobhadh agus Èisteachd is Labhairt
- Taisbeanadh ionnsachadh ann an dòighean gnìomhail

Neach-libhrigidh:

Màiri Nic Ille Mhaoil (Learning and Teaching Scotland)

Aithisg:

Tha leasachadh cànan agus sgìlean litreachais agus litrearrais aig cridhe Curraicealaim airson Sàr-mhathais agus thagh an neach-libhrigidh na leanas às na dreachdan:

Èisteachd: As we listen and take part in conversations we can use new words and phrases and extend our vocabulary.

Leughadh: Use a selection of strategies and resources, before and as we read, to make meaning clear and give reasons for selection.

Sgrìobhadh: Using what we know about different types of text we can select information from a variety of sources and use this for different purposes.

Having explored the elements writer use in different genres i can use what i learn to compose stories, poems and play with:

- an interesting an appropriate structure and/or
- interesting characters and personalities and/or
- settings which come to life

In developing my literacy skills:

- I communicate, collaborate and build relationships
- I explore the richness and diversity of language, how it can affect me and the wide range of ways in which I and others can be creative
- I appreciate the power of language to influence and bring about change
- I develop an understanding of relationships, motivations, ideas and actions
- I develop my understanding of how language works and what is special, vibrant and valuable about other languages and cultures and my own
- I learn to reflect on and explain my thinking
- I engage with a rich range of texts in different media
- I reflect on how well I am listening and talking, reading and writing.
- I respond to and act on feedback to help me improve and I provide sensitive and useful feedback to others
- I extend and enrich my vocabulary through listening, talking, watching and reading

Chaidh bruidhinn air 'teacsa' ann an co-theacsa Curraicealaim airson Sàr-mhathais, far a bheil am mìneachadh a' gabhail a-staigh diofar sheòrsaichean sgrìobhaidh agus fiù 's dealbhan agus rudan ann an diofar mheadhannan mar dhràma agus telebhisein.



Chaidh bruidhinn air a' 'chòn ionnsachaidh' mar phrionnsapal a dh'fheumas a bhith aig cridhe ionnsachaidh:

We remember:

- 10% of what we read
- 20% of what we hear
- 30% of what we see
- 50% of what we hear and see
- 70% of what we say
- 90% of what we say and do

Rinn an luchd com-pàirt obair le **cairtean còmhraidh**. Faodaidh iad seo a bhith gu math simplidh (me 'Ciamar a bha thu a' faireachdainn nuair a dhùisg thu an-diugh sa mhadainn?' no nas iom-fhillte (me a' toirt seachad fiosrachadh mu character ann an sgeulachd ghuanach no eile). Brosnaichidh iad sgoilearan gus an cuid cànan a chleachdadh. Ag obair ann an dithisean, faodaidh clann seantansan a dhèanamh suas stèidhichte air na cairtean, no bruidhinn airson ùine shònraichte (me mionaid no dà mhionaid), no eile. Gabhaidh togail air seo agus a leudachadh a-mach, mar eisimpleir le bhith ag iarraidh an uair sin air an dithis a dhol a bhruidhinn ri clann bho bhuidhnean eile agus mar sin air adhart. Faodaidh an clas uile thighinn còmhla mu dheireadh airson bruidhinn air na diofar rudan a chuala iad. Dh'fhaodadh tidsear iarraidh air na sgoilearan smaoinichadh air na dh'ionnsaich iad:



- An cuala mi facal ùr an-diugh?
- Dè bha e a' ciallachadh?
- Ciamar a chleachdas mi e?

Ghluais an luchd com-pàirt an uair sin air adhart gu **teagasg gràmair** agus chaidh bruidhinn air dòighean gus a' chlann a thoirt an sàs san ionnsachadh aca fhèin. Bhruidhinn an neach-libhrigidh air dòigh-obrach a chleachd i fhèin far an robh clann ag obair ann am buidhnean de cheathrar a dh'atharraich a h-uile mìos no mar sin. Bhiodh a' bhuidheann a' measadh obair càch-a-chèile no a' seatadh ghnìomhan do chàch-a-chèile, me le bhith a' sgrìobhadh seantans san tràth sheachad agus ag iarraidh air càch a chur don tràth theachdail.

Chaidh an uair sin coimhead air grunn ghoireasan, nam measg **Cànan agus Cleas** agus **Postairean airson Sgrìobhadh Cruthachail**. Gabhaidh iad sin a chleachdadh ann an iomadach dòigh, nam measg na leanas:

- Cuir teacsa nam postairean (air Gàidhlig air-loidhne) suas air clàr-geal no coimpiutair. Falaich grunn fhaclan. Iarr air na sgoilearan faclan a lorg (na faclan fhèin no faclan iomchaidh eile)
- Bruidhinn mun bhuaidh a th' aig faclan air a' chloinn. An toil leotha facal sònraichte? Carson? Ciamar a tha e a' toirt orra a bhith a' faireachdainn? An e am fuaim as cudromaiche, no an ciall, no gach cuid?
- Atharraich na faclan airson an stoiridh atharrachadh ann an diofar dhòighean
- Thoir às paragraf agus seall dhaibh e leis fhèin. Dè tha iad a' smaointinn a thachair às dèidh làimh? Ro làimh? Ghabhadh seo a dhèanamh le Cànan agus Cleas. Seall dhaibh deireadh stoiridh. Dè thachair roimhe?
- Smaoinich air faclan a bheireadh barrachd fiosrachaidh dhut mu character
- Tagh faclan a tha ag innse dhaibh gur e seann phìos sgrìobhaidh a th' ann
- Dèan coimeas eadar an saoghal san stoiridh agus an saoghal a th' ann an-diugh

Uair sam bith a tha thu an sàs ann an obair mar seo, dèan cinnteach gu bheil fhios aig a' chloinn gu bheil e ceart gu leòr ceistean a chur - ortsa, orra fhèin, no air càch-a-chèile!

Thig sgilean litearraise na cloinne air adhart le bhith ag obair san dòigh seo. Brosnaich iad gus a dhol an sàs ann an teacsa seach a bhith a' cur suas an làmhnan cho luath 's a chì iad rud nach tuig iad air mhionaid:

- Smaoinich mu na rudan air a bheil fhios agad mar-thà
- Coimhead airson phiosan a tha thu a' tuigsinn
- Feuch a-mach na fuaimean ann am faclan nach eil thu a' tuigsinn
- Leugh an seantans gu lèir
- Coimhead air puingealachadh
- Coimhead air dealbhan sam bith
- Coimhead airson fhaclan am broinn fhaclan
- ... an uair sin, iarr air an tidsear cuideachadh a thoirt dhut!

Chaidh sealltainn air a' phrògram Comic Life, a ghabhas cleachdadh airson clàran-sgeulachd a chur ri chèile. Gabhaidh Kar2ouche (bho Stòrlann) a chleachdadh san aon dòigh. Tha seo a' ceangal ICT ri litrearras agus 's toil le gillean gu sònraichte e.

Stuthan:

Notaichean an neach-libhrigidh (ann an riochd ppt)